

Cuspair Clàir-ghnothaich	6
Àir. Aithisge	G/3/26

Comhairle na Gàidhealtachd

Comataidh: Gàidhlig

Ceann-latha: 25 Gearran 2026

Tìotal Aithisge: Aithisg PRMS: Adhartas mu choinneimh Plana na Gàidhlig 2024–29

Aithisg le: Iar-Àrd-Oifigear – Daoine

1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

- 1.1 Tha an aithisg seo a' toirt cunntas air adhartas le bhith a' libhrigeadh Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29 (PG).
- 1.2 Bidh Comhairle na Gàidhealtachd a' cleachdadh Siostam Coileanaidh agus Rianachd Cunnairt (*Performance and Risk Management System* – PRMS) airson a bhith a' sgrùdadh phlanaichean corporra. Chaidh an tionndadh as ùire dhen PG aontachadh air 7 Cèitean 2024.
- 1.3 Tha rannsachadh cùise mu Sgoil-Àraich Bun-Sgoil Chille Mhoire an lùib na h-aithisg, a' toirt seachad fianais air mar a tha fàs ann am meud-comais nan tràth-bhliadhnaichean ann am FtG a' cur ri amasan PG, roghainn phàrantach agus bogadh bho na h-ìrean as tràithe.

2. Molaidhean

- 2.1 Thathar ag iarraidh air Buill:
 - i. toirt fa-near dhan aithisg.

3. Builean

- 3.1 Goireas
Tha libhrigeadh PG air a mhaoineachadh le Comhairle na Gàidhealtachd, tabhartasan Riaghaltas na h-Alba agus diofar shruthan maoineachaidh Bhòrd na Gàidhlig (BnaG).
- 3.2 Laghail
Fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, tha dleastanas reachdail aig Comhairle na Gàidhealtachd gum bi Plana Gàidhlig aice. Tha an dleastanas reachdail seo a' gabhail a-steach uallach gun tèid gealltanasan a' Phlana Ghàidhlig a bhuileachadh is gun tèid cunntas ceart a thoirt orra.

- 3.3 Cunnart
Chan eil cunnartan a' tighinn am bàrr mar thoradh air an aithisg seo.
- 3.4 Slàinte is Sàbhailteachd (cunnartan a' tighinn am bàrr mar thoradh air atharrachaidhean do dh'uidheamachd, acfhainn, pròiseas no daoine) –
Chan eil builean Slàinte is Sàbhailteachd a' tighinn am bàrr mar thoradh air an aithisg seo.
- 3.5 Gàidhlig
Tha buaidhean fìor mhath air gleidheadh is leasachadh cànan is cultar na Gàidhlig thar nan roinnean corporra, eaconamach, foghlaim is coimhearsnachd.

4. Buaidhean

- 4.1 Ann an Comhairle na Gàidhealtachd, tha poileasaidhean, ro-innleachdan no atharrachaidhean seirbheis uile fo ùmhlachd sgrìonadh amalaichte airson buaidh air Co-ionannachdan, Bochdainn is Còraichean Daonna, Còraichean is Sunnd Chloinne, Atharrachadh Gnàth-shìde, Eileanan is Coimhearsnachdan Dùthchail air Tir-mòr, agus Dìon Dàta. Far a bheil feumalachd air a h-aithneachadh, thèid measadh buaidh iomlan a ghabhail os làimh.
- 4.2 Tha a bhith a' beachdachadh air buaidhean na phàirt bhunaiteach dhen phròiseas cho-dhùnaidhean agus feumaidh seo fios a chur ris a' phròiseas cho-dhùnaidhean. Nuair a thathar a' tighinn gu co-dhùnadh sam bith, feumaidh Buill aire iomchaidh a thoirt do thoraidhean measaidh sam bith.
- 4.3 'S e aithisg sgrùdaidh agus ùrachaidh a tha seo agus mar sin chan eil feum air measadh buaidh.

5. Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd (PG) 2024–29

- 5.1 Chaidh Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29 aontachadh le Comataidh na Gàidhlig agus leis an Làn-Chomhairle mus deach aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air 7 Cèitean 2024. Tha adhartas gu ruige amasan a' Phlana Ghàidhlig air an sgrùdadh ann an Siostam Coileanaidh agus Rianachd Cunnairt (*Performance and Risk Management System* – PRMS). Tha an dàta PRMS ri fhaotainn ann an **Eàrr-ràdh 1** ann an cruth leabhraibh brath-ullachaidh.
- 5.2 Tha 91 gnìomhan comasachaidh ann an ceathramh PG Chomhairle na Gàidhealtachd, a tha a' gabhail a-steach ceithir cuspairean:
1. Coimhearsnachdan agus Dachaigh
 2. Meadhanan, Ealainean, Cultar agus Dualchas
 3. Gnìomhachas agus an Eaconamaidh
 4. Foghlam
- 5.3 Tha inbhe RAG gach gnìomh comasachaidh a tha beò an-dràsta taobh a-staigh gach Prìomhachas Ro-innleachdail dhen PG air an liostadh gu h-ìosal:

Prìomhachas Ro-innleachdail 1.1 – Meudaich taic do luchd-cleachdaidh is luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig uile, sna coimhearsnachdan aca, agus sna lionraidhean anns a bheil iad ag obair.

Air Targaid	18				
Sleamhnachadh	1				
	<table border="1"> <thead> <tr> <th>Gnìomh</th> <th>Beachd</th> </tr> </thead> <tbody> <tr> <td>Ann an com-pàirteachas le SMO, lìbhrig pròiseact Seachdain nan Deugairean gach bliadhna.</td> <td>Tha an Sgioba Gàidhlig a' leantainn air adhart a' toirt taic do sgoilearan Àrd-sgoile FtG le bhith a' lìbhrigeadh phròiseactan eile leis an àrd-sgoil. Bha pròiseact Seachdain nan Deugairean an crochadh air maoinachadh bhon taobh a-muigh seach nach eil maoinachadh Chomhairle na Gàidhealtachd ri fhaighinn airson an t-seisein seo. Tha sinn anns na tràth ìrean de bhith a' sgrùdadh agus a' dealbhadh pròiseact gus tairgse Gàidhlig iomchaidh a chruthachadh do dheugairean.</td> </tr> </tbody> </table>	Gnìomh	Beachd	Ann an com-pàirteachas le SMO, lìbhrig pròiseact Seachdain nan Deugairean gach bliadhna.	Tha an Sgioba Gàidhlig a' leantainn air adhart a' toirt taic do sgoilearan Àrd-sgoile FtG le bhith a' lìbhrigeadh phròiseactan eile leis an àrd-sgoil. Bha pròiseact Seachdain nan Deugairean an crochadh air maoinachadh bhon taobh a-muigh seach nach eil maoinachadh Chomhairle na Gàidhealtachd ri fhaighinn airson an t-seisein seo. Tha sinn anns na tràth ìrean de bhith a' sgrùdadh agus a' dealbhadh pròiseact gus tairgse Gàidhlig iomchaidh a chruthachadh do dheugairean.
Gnìomh	Beachd				
Ann an com-pàirteachas le SMO, lìbhrig pròiseact Seachdain nan Deugairean gach bliadhna.	Tha an Sgioba Gàidhlig a' leantainn air adhart a' toirt taic do sgoilearan Àrd-sgoile FtG le bhith a' lìbhrigeadh phròiseactan eile leis an àrd-sgoil. Bha pròiseact Seachdain nan Deugairean an crochadh air maoinachadh bhon taobh a-muigh seach nach eil maoinachadh Chomhairle na Gàidhealtachd ri fhaighinn airson an t-seisein seo. Tha sinn anns na tràth ìrean de bhith a' sgrùdadh agus a' dealbhadh pròiseact gus tairgse Gàidhlig iomchaidh a chruthachadh do dheugairean.				
Gun Adhartas Susbainteach	0				
Crìochnaichte	1				
IOMLAN	20				

Prìomhachas Ro-innleachdail 1.2 – Thoir seachad iomairtean gus ionnsachadh na Gàidhlig a bhrosnachadh am measg dhaoine òga is theaghlacichean san dachaigh.

Air Targaid	7
Sleamhnachadh	0
Gun Adhartas Susbainteach	0
Crìochnaichte	1
IOMLAN	8

Prìomhachas Ro-innleachdail 2.1 – Toradh nam Meadhanan is nan Ealainean Gàidhlig – cruthaich cothroman airson cur an cèill, sgilean, ruigsinneachd, com-pàirteachadh agus cruthachalachd.

Air Targaid	3
Sleamhnachadh	0

Gun Adhartas Susbainteach	0
Crìochnaichte	2
IOMLAN	5

Prìomhachas Ro-innleachdail 3.1 – Cleachd a’ Ghàidhlig ann an gnìomhachasan is iomairtean sòisealta, agus mar stòras eaconamach ann an Alba.	
Air Targaid	7
Sleamhnachadh	0
Gun Adhartas Susbainteach	0
Crìochnaichte	0
IOMLAN	7

Prìomhachas Ro-innleachdail 4.1 – Lìbhrig brosnachadh is fàs leantainneach ann am FtG agus FLI aig gach ìre, a’ gabhail a-steach lìbhrigeadh na Gàidhlig mar nuadh-chànan, le 70%* de bhun-sgoiltean a’ solarachadh Gàidhlig mar C2 agus C3 gus solar na Gàidhlig a mheudachadh thar an ùghdarras.		
Air Targaid	8	
Sleamhnachadh	1	
	Gnìomh	Beachd
	Cruthaich feallsanachd àrd-sgoile FtG gus na thathar a’ tabhann ann an àrd-sgoiltean Chomhairle na Gàidhealtachd a shealltainn.	Chaidh suirbhidh nan àrd-sgoiltean a chrìochnachadh san Dàmhair 2025. Thug seo tuigse na b’ fheàrr seachd mun dòigh as fheàrr gus feallsanachd FtG a thoirt an lùib nam frèamaichean-obrach as fharsainge airson nan sgoiltean air fad. Tha Comhairle na Gàidhealtachd a’ gabhail pàirt ann an Cearcall Leasachadh Curraicealaim nàiseanta sònraichte airson na Gàidhlig airson taic a chur ris an obair ullachaidh airson na feallsanachd.
Gun Adhartas Susbainteach	0	
Crìochnaichte	1	
IOMLAN	10	

Prìomhachas Ro-innleachdail 4.2 – Leudaich lìbhrigeadh Foghlam tron Ghàidhlig le barrachd chuspairean àrd-sgoile air an toirt seachad, sgoiltean ùra a sheasas leotha fhèin air an cruthachadh, agus solar ùr airson nan tràth-bhliadhnaichean, bun-sgoil is àrd-sgoil.		
Air Targaid	4	
Sleamhnachadh	1	
	Gnìomh	Beachd
	Comharraich àite a dh'fhaodadh a bhith freagarrach airson campus 3–18 ann an Inbhir Nis, a' gabhail a-steach mion-sgrùdadh dhen bhuaidh air sgìre-sgoile, co-chomhairleachadh, dealbhadh is còmhdhail.	Thathar a' cumail sùil air àireamhan sgoilearan mar phàirt dhen phlanadh ro-mheasaidh ro-innleachdail agus plana calpa nan oighreachdan. Chan eil campus FtG 3–18 ann an Inbhir Nis air a ghabhail a-steach ann am Plana Calpa nan Oighreachdan Sgoile aig an àm seo.
Gun Adhartas Susbainteach	0	
Crìochnaichte	2	
IOMLAN	7	

6. Rannsachadh Cùise: Sgoil-Àraich Bun-Sgoil Chille Mhoire

6.1 Tràth ann an 2024, stèidhich Sgioba Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd Na h-Ògan, ann an com-pàirteachas le Bun-Sgoil Chille Mhoire agus le taic bho Bhòrd na Gàidhlig. Tha a' bhuidheann 0–3 air a bhith soirbheachail dha-rìribh agus tha an iomairt seo air com-pàirteachadh phàrant a neartachadh agus air taic a chur ri clàradh dhan sgoil-àraich. Tha an solar do chloinn aois 2 bhliadhna air a bhith cudromach a thaobh a bhith a' meudachadh chlàraidhean.

Bho 17 Ògmhios 2024, tha Sgoil-Àraich Bun-Sgoil Chille Mhoire air a bhith clàraichte gus seirbheis cùram-chloinne a thoirt seachad tron latha do 15 leanabh aig a' char as àirde is iad aois trì bliadhna gu aois far nach eil iad fhathast sa bhun-sgoil. Dhen 15 seo, chan eil barrachd air trìuir eadar 2–3 bliadhna a dh'aois.

San Lùnastal 2025 chuir manaidsear na sgoil-àraich ann an Cille Mhoire iarrtas gu Coimiseanair nan Tràth-bhliadhnaichean is a' Chùraim-chloinne a' faighneachd am faodadh atharrachadh a bhith air a chur a-steach gu Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim gus àrdachadh a thoirt air an àireimh de chloinn aois dà bhliadhna a dh'fhaodadh an tionad a fhrithealadh.

Às dèidh dearbhadh fhaighinn air aoisean is àireamhan na cloinne a bha a' cleachdadh na seirbheis, bha e soilleir gun robh a' mhòr-chuid dhen chloinn fo aois 3 bliadhna, agus mar sin chaidh a mheas gun robh an t-atharrachadh reusanta.

Chaidh atharrachadh a chur a-steach air 2 Dàmhair 2025, le fiosrachadh mun chumha ùr a bha a dhìth “Airson seirbheis cùram-latha chloinne a sholarachadh airson suas ri ochdnar chloinne aig a’ char as àirde a tha aois 2 bliadhna gu aois nach eil fhathast a’ frithealadh na bun-sgoile. Dhen ochdnar seo, chan eil barrachd air còignear eadar 2–3 bliadhna a dh’aois.” Thathar a’ faighneachd cheistean eile, mar eisimpleir, ciamar a chumas an t-seirbheis suas no a leasaicheas an t-seirbheis càileachd a’ chùraim a thathar a’ toirt seachad.

Gus cumhaichean suidheachadh sam bith atharrachadh, thathar a’ cur iarrtas a-steach tro phortal air-loidhne Luchd-sgrùdaidh a’ Chùraim, far a bheil liosta de na suidheachaidhean uile le Comhairle na Gàidhealtachd a tha clàraichte.

Aon uair is gu bheil atharrachadh air a chur a-steach, tha e air a thoirt do Neach-sgrùdaidh Chlàraidhean a dh’fhaodas fianais a bharrachd iarraidh gus taic a chur ris an iarrtas, a leithid fiosrachadh mu sgioba-obrach, àireamhan thaighean-beaga is ghoireasan badain, dealbhannan de thaobh a-staigh is de thaobh a-muigh na sgoil-àraich agus fiosrachadh mu na goireasan a tha rim faotainn do dhiofar aoisean na cloinne a bhios an làthair.

Gus atharrachadh a dhèanamh a thaobh meud-comais no raon-aoise a tha suidheachadh Tràth-ionnsachaidh is Cùram-chloinne a’ solarachadh, feumaidh Luchd-sgrùdaidh a’ Chùraim atharrachadh sam bith a thaobh cumhaichean an t-suidheachaidh aontachadh. Tha am meud-comais mu dheireadh na chumha clàrachaidh, air a mhìneachadh ann an teisteanas clàrachaidh na seirbheis, agus tha seo èigneachail fon lagh.

Bidh Luchd-sgrùdaidh a’ Chùraim a’ suidheachadh nan cumhaichean seo nuair a tha suidheachadh air a chlàrachadh leotha an toiseach. Tha iad stèidhichte air an àrainneachd is air an rùm chorporra, a’ cleachdadh stiùireadh a leithid [Space to Grow](#). Thathar a’ meas gu bheil feum aig cloinn de dhiofar aoisean air diofar mheadan de rùm. Mar eisimpleir, tha feum aig leanabh aois eadar 2 agus 3 air 2.8m² agus tha feum aig leanabh nas sine na 3 air 2.3m².

Thathar cuideachd a’ beachdachadh air feumalachdan na cloinne a bhios a’ cleachdadh na seirbheis, agus càileachd is àireamh an luchd-obrach; mar eisimpleir, ma tha teisteanas aig luchd-obrach mar-thà no ma tha iad ag obair a dh’ionnsaigh teisteanas. Thathar a’ beachdachadh air amasan is mion-amasan na seirbheis, a leithid co-dhiù a tha àiteachan freagarrach aca a-muigh gus cothrom a thoirt do chloinn cluiche agus ionnsachadh a-muigh. Is e an t-slat-tomhais mu dheireadh an seòrsa seirbheis agus an co-theacsa ionadail, m.e. ma thathar ann an àite iomallach, faodar toirt fa-near dhan sin nuair a thathar ag iarraidh seirbheis a chlàrachadh airson buidheann aoise nas òige.

Tha cothrom air cùram-chloinne ann an suidheachadh dùthchail deatamach airson taic a thoirt do theaghlaichean agus gus coimhearsnachdan ionadail a chumail suas. Ann an sgìrean far am faod astaran siubhail a bhith nam bacadh, tha solar cùram-chloinne ionadail àrd-inbhe riatanach airson co-ionannachd a thaobh ruigsinneachd. A bharrachd air a sin, ann an sgìrean far a bheil a’ Ghàidhlig ga bruidhinn, tha pàirt chudromach aig solar mar sin ann a bhith a’ cumail suas agus a’ neartachadh a’ chànain tro bhith a’ tabhann chothroman bogaidh bho na ciad ìrean de leasachadh.

Tha an t-iarrtas gus comas a mheadachadh a’ sealltainn fianais shoilleir gu bheil iarrtas a’ sìor fhàs airson solar tro mheadhan na Gàidhlig taobh a-staigh na

coimhearsnachd ionadail. Tha an leudachadh seo a' freagairt gu dìreach ri roghainn phàrantan agus ùidh na coimhearsnachd sa Ghàidhlig, a' dèanamh cinnteach gum faigh barrachd chloinne slighe a-steach gu cothroman cànan bogaidh bho aois òg. Le bhith a' toirt taic dhan àrdachadh seo, tha Comhairle na Gàidhealtachd gu gnìomhach a' libhrigeadh nan gealltanasan a tha air am mìneachadh ann am Plana Gàidhlig 2024–2029, gu sònraichte na h-amasan a' Ghàidhlig a neartachadh, a cleachdadh ann am beatha làitheil a bhrosnachadh agus an cànan fhèin a chumail suas. Tha an dòigh-obrach ro-ghnìomhach seo a' nochdadh phrìomhachasan ro-innleachdail na Comhairle agus riatanasan na coimhearsnachd ionadail.

Ainmeachadh: Iar-Àrd-Oifigear – Daoine

Ceann-latha:

Ùghdaran: Eoina Rodgers, Oifigear Poileasaidh Gàidhlig
Bernadette Scott, Àrd-Oifigear Foghlam Bun-sgoile is Thràth-
bhliadhnaichean

Pàipearan Cùl-fhiosrachaidh:

Eàrr-ràdhan: Eàrr-ràdh 1 – Leabhran brath-ullachaidh PRMS

Table of Contents

1. Table of Contents	1
2. Summary of the Plan	2
3. 1.1 [1] Increase support for all Gaelic users and learners in their communities, and in the networks in which they operate.	3
4. 1.1 [2] Increase support for all Gaelic users and learners in their communities, and in the networks in which they operate.	4
5. 1.2 Provide initiatives to encourage Gaelic language learning for young people and families in the home.	5
6. 2.1 Gaelic Media and Arts output - create opportunities for expression, skills , access, participation and creativity.	6
7. 3.1 Use Gaelic in business and social enterprises, and as an economic asset in Scotland.	7
8. 4.1 [1] Deliver continued promotion and growth in GME and GLE at all levels including delivery of Gaelic as a modern language.	8
9. 4.1 [2] Deliver continued promotion and growth in GME and GLE at all levels including delivery of Gaelic as a modern language.	9
10. 4.2 Expand the delivery of Gaelic Medium Education [includes creation of new schools and increased provision]	10
11. Future Actions	11
12. Corporate Service Aims page 1	12
13. Corporate Service Aims page 2	13
14. Schools delivering Gaelic	14
15. Teacher numbers & nursery pupils %	15
16. Primary & Secondary Pupil %s	16

Gaelic Plan Themes

1: Communities and Home

2: Media, Arts, Culture and Heritage

3: Business and the Economy

4: Education

Strategic Priorities

1.1 Increase support for all Gaelic users and learners, in their communities, and in the networks in which they operate.

1.2 Provide initiatives to encourage Gaelic language learning for young people and families in the home.

2.1 Gaelic Media and Arts output – create opportunities for expression, skills, access, participation and creativity.

3.1 Use Gaelic in businesses and social enterprises, and as an economic asset in Scotland.

4.1 Deliver continued promotion and growth in GME and GLE at all levels including delivery of Gaelic as a modern language.

4.2 Expand the delivery of Gaelic Medium Education [includes creation of new schools and increased provision]

**1.1 Increase support for all Gaelic users and learners, in their communities, and in the networks in which they operate. [1]
Q3 25/26**

Completed

1

On Target

18

Some Slippage

1

No Significant Progress

0

Not Updated

0

Actions PIs being Monitored in Gaelic Plan	Period	Data	Period	Data	Target Value	Completion/ Update Date
Continue to support and increase extra-curricular activities which are delivered through Gaelic	Q2 25/26	On Target	Q3 25/26	On Target		ongoing annually
Deliver opportunities to support adult learners within a community context	Q2 25/26	On Target	Q3 25/26	On Target		ongoing annually
Enhance and further develop CLD and development liaison within the standalone Gaelic schools	Q2 25/26	On Target	Q3 25/26	On Target		ongoing annually
GME schools develop and implement CLD plans to support pupils and wider Gaelic community	Q2 25/26	On Target	Q3 25/26	On Target		ongoing annually
Increase and further develop cultural events in partnership with Gaelic schools	Q2 25/26	On Target	Q3 25/26	On Target		ongoing annually
Increase opportunities for GME pupils to engage in Gaelic arts, music and culture	Q2 25/26	On Target	Q3 25/26	On Target		ongoing annually
Increase sporting and outdoor learning opportunities for GME pupils	Q2 25/26	On Target	Q3 25/26	On Target		ongoing annually
Increase the delivery of Gaelic cultural activities across the Highlands	Q2 25/26	On Target	Q3 25/26	On Target		ongoing annually
Increase the networking support to GME pupils in the secondary schools	Q2 25/26	Some Slippage	Q3 25/26	On Target		ongoing annually
Work with Ainmean-Àite na h-Alba to develop a Gaelic place-name course for GME primary pupils	Q2 25/26		Q3 25/26			Completed Q1 25/26

**1.1 Increase support for all Gaelic users and learners, in their communities, and in the networks in which they operate. [2]
Q3 25/26**

Completed

1

On Target

18

Some Slippage

1

No Significant Progress

0

Not Updated

0

Actions PIs being Monitored in Gaelic Plan	Period	Data	Period	Data	Target Value	Completion/ Update Date
Continue to work in partnership to deliver Gaelic sporting and leadership events	Q2 25/26	On Target	Q3 25/26	On Target		Ongoing current practice
Continue to work in partnership to support the deliver of drama/media/cultural events	Q2 25/26	On Target	Q3 25/26	On Target		Ongoing current practice
Deliver a range of inter-generational Gaelic community events	Q2 25/26	On Target	Q3 25/26	On Target		Ongoing current practice
Deliver Gaelic cultural days in partnership with targeted GME schools	Q2 25/26	On Target	Q3 25/26	On Target		Ongoing current practice
Gaelic tutor training event organised annually	Q2 25/26	On Target	Q3 25/26	On Target		Ongoing current practice
In partnership with SMO deliver the Seachdain nan Deugairean project annually	Q2 25/26	Some Slippage	Q3 25/26	Some Slippage		Ongoing current practice
Provide programmes of Gaelic activities/events during school holidays	Q2 25/26	On Target	Q3 25/26	On Target		Ongoing current practice
Provide an annual secondary Gaelic careers event with SDS and other organisations	Q2 25/26	On Target	Q3 25/26	On Target		Ongoing current practice
Progressive programme of adult learning community-based Gaelic classes	Q2 25/26	On Target	Q3 25/26	On Target		Ongoing current practice
Research to identify where former GME pupils have studied further education	Q2 25/26	On Target	Q3 25/26	On Target		Starts Oct24 / Completes Dec27

**1.2 Provide initiatives to encourage Gaelic language learning for young people and families in the home.
Q3 25/26**

Completed

1

On Target

7

Some Slippage

0

No Significant Progress

0

Not Updated

0

Actions PIs being Monitored in Gaelic Plan	Period	Data	Period	Data	Target Value	Completion/ Update Date
Create an online Gaelic language resource for GME parents	Q2 25/26	On Target	Q3 25/26	On Target		Ongoing
Deliver the three-year Gaelic Birth to Three plan	Q2 25/26	On Target	Q3 25/26	On Target		Starts Apr24/ Completes Dec27
Family learning initiatives/promotional events to support GME parents/pupils	Q2 25/26	On Target	Q3 25/26	On Target		Ongoing current practice
Fàs Foghlaim resource to promote GME with early years parents	Q2 25/26	On Target	Q3 25/26	On Target		Ongoing current practice
Gaelic Family Learning Week delivered in partnership with SMO	Q2 25/26	On Target	Q3 25/26	On Target		Ongoing current practice
Opportunities to create secure/supervised online Gaelic gaming clubs for young people	Q2 25/26		Q3 25/26			Completed Q4 24/25
Suite of progressive Gaelic classes to support language in the home	Q2 25/26	On Target	Q3 25/26	On Target		Ongoing current practice
Supplement the Fàs Foghlaim resource and update HC parental GME information handbook	Q2 25/26	On Target	Q3 25/26	On Target		Starts Jan25 / completes Dec25

**2.1 Gaelic Media and Arts output – create opportunities for expression, skills, access, participation and creativity.
Q3 25/26**

Completed

2

On Target

3

Some Slippage

0

No Significant Progress

0

Not Updated

0

Actions PIs being Monitored in Gaelic Plan	Period	Data	Period	Data	Target Value	Completion/ Update Date
In partnership deliver the MG ALBA Traditional Music Awards in the Highland area	Q2 25/26		Q3 25/26			COMPLETED Q3 24/25
Increase the delivery of Gaelic cultural activities across the Highlands	Q2 25/26	On Target	Q3 25/26	On Target		ongoing annually
In partnership with An Comunn Gàidhealach deliver the Royal National Mòd in autumn 2025	Q2 25/26	On Target	Q3 25/26	Completed		Completed Q3 25/26
Representatives from across the Highlands participate annually in FilmG	Q2 25/26	On Target	Q3 25/26	On Target		ongoing annually
Continue to support Gaelic cultural centres such as Cultarlann Inbhir Nis	Q2 25/26	On Target	Q3 25/26	On Target		Ongoing current practice

**3.1 Use Gaelic in businesses and social enterprises, and as an economic asset in Scotland.
Q3 25/26**

Completed

0

On Target

7

Some Slippage

0

No Significant Progress

0

Not Updated

0

Actions PIs being Monitored in Gaelic Plan	Period	Data	Period	Data	Target Value	Completion/ Update Date
Create online Gaelic resource for the business community, to highlight the economic benefits of using Gaelic	Q2 25/26	On Target	Q3 25/26	On Target		Starts Apr25 / Completes Dec26
Promote/realise the benefits of Gaelic community hubs and Cultarlanns	Q2 25/26	On Target	Q3 25/26	On Target		ongoing annually
Promote the economic benefits of Gaelic to the local business sector	Q2 25/26	On Target	Q3 25/26	On Target		Starts Apr25 / Completes Dec26
With agencies/partners develop a Creative Industries (Arts) Economic Impact Study	Q2 25/26	On Target	Q3 25/26	On Target		Starts Jan25 / Completes Dec26
Work with agencies/partners to realise the economic benefits of Gaelic and its culture	Q2 25/26	On Target	Q3 25/26	On Target		Ongoing
Work with Ainmean-Àite na h-Alba to promote the economic benefits of Gaelic place-names/signage	Q2 25/26	On Target	Q3 25/26	On Target		ongoing annually
Research to identify where former GME pupils have studied further education	Q2 25/26	On Target	Q3 25/26	On Target		Starts Oct24 / Completes Dec27

**4.1 Deliver continued promotion and growth in GME and GLE at all levels including delivery of Gaelic as a modern language. [1]
Q3 25/26**

Completed

1

On Target

8

Some Slippage

1

No Significant Progress

0

Not Updated

0

Actions PIs being Monitored in Gaelic Plan	Period	Data	Period	Data	Target Value	Completion/Update Date
% GM Nursery Pupils CP1.11	AY 24/25	9.89 %	AY 25/26	10.34 %		annual update January
% GM Primary Pupils CP1.11	AY 24/25	6.82 %	AY 25/26	6.96 %		annual update January
% Gaidhlig Secondary Pupils CP1.11	AY 24/25	3.60 %	AY 25/26	4.02 %		annual update January
Increase access to L2 and L3 Gaelic to 70% through digital support	Q2 25/26		Q3 25/26			
Promotion of online training for teachers delivery of 1+2 Gaelic	Q2 25/26	On Target	Q3 25/26	On Target		Ongoing
Map and target-set schools for Gaelic L2 and L3 support	Q2 25/26		Q3 25/26			Completed Q4 24/25
New teachers trained to deliver L2-L3 Gaelic - Live Lessons	AY 23/24	27	AY 24/25	23		
New teachers trained to deliver L2-L3 Gaelic - Twilight	AY 23/24	22	AY 24/25	12		
% of schools delivering Gaelic L2 and L3 [North]	AY 23/24		AY 24/25	40	60	
% of schools delivering Gaelic L2 and L3 [Mid]	AY 23/24		AY 24/25	30	70	
% of schools delivering Gaelic L2 and L3 [South]	AY 23/24		AY 24/25	48	52	
% of schools delivering Gaelic L2 and L3 [West]	AY 23/24		AY 24/25	89	11	

**4.1 Deliver continued promotion and growth in GME and GLE at all levels including delivery of Gaelic as a modern language. [2]
Q3 25/26**

Completed

1

On Target

8

Some Slippage

1

No Significant Progress

0

Not Updated

0

Actions PIs being Monitored in Gaelic Plan	Period	Data	Period	Data	Target Value	Completion/ Update Date
Annually develop the 3–18 GME curriculum vision across Highland with focus on senior phase	Q2 25/26	On Target	Q3 25/26	On Target		ongoing annually
Annually promote/support Career-Long Professional Learning (CLPL) for all Gaelic education providers	Q2 25/26	On Target	Q3 25/26	On Target		ongoing annually
Create a rationale to illustrate the GME curriculum offer in the Highland secondary sector	Q2 25/26	Some Slippage	Q3 25/26	Some Slippage		Starts Jan25 / Completes Jun26
Develop the digital offer across Highland to support the Secondary GME Rationale	Q2 25/26	On Target	Q3 25/26	On Target		ongoing annually
Promote and support schools to deliver pathways for Gaelic learning	Q2 25/26	On Target	Q3 25/26	On Target		ongoing annually
Provide opportunities for EM pupils within GM schools to learn about Gaelic language and culture	Q2 25/26	On Target	Q3 25/26	On Target		Ongoing
Undertake community consultation on models of opportunities for GME ELC	Q2 25/26	On Target	Q3 25/26	On Target		Ongoing

**4.2 Expand the delivery of Gaelic Medium Education [includes creation of new schools and increased provision]
Q3 25/26**

Completed

2

On Target

4

Some Slippage

1

No Significant Progress

0

Not Updated

0

Actions PIs being Monitored in Gaelic Plan	Period	Data	Period	Data	Target Value	Completion/ Update Date
3-18 stakeholder groups review and monitor leadership models with CLPL opportunities	Q2 25/26	On Target	Q3 25/26	On Target		Ongoing
Develop a complementary GME strand to Highland Literacy	Q2 25/26		Q3 25/26			Completed Q1 25/26
Develop a strategic and responsive digital offer for online curriculum delivery	Q2 25/26	On Target	Q3 25/26	On Target		ongoing annually
Development of strategic aims for education in relation to National GLP	Q2 25/26	On Target	Q3 25/26	On Target		Starts Aug24 / Completes Dec25
Engage with internal/external stakeholders to develop an engagement model	Q2 25/26	On Target	Q3 25/26	On Target		ongoing annually
Identify a possible location for a 3–18 campus in Inverness	Q2 25/26	Some Slippage	Q3 25/26	Some Slippage		Starts Apr24 / Completes Dec25
Use the 3–18 GME Inverness feasibility study to provide an understanding of parental demand	Q2 25/26		Q3 25/26			COMPLETED Feb24

Listed below are actions in the Gaelic Language Plan which will be monitored and progressed later in the life of the Plan.

Future Actions within the Gaelic Language Plan	Period	Data	Date Monitoring Starts/ Completes
Opportunities to create secure/supervised online Gaelic gaming clubs for young people	Q3 25/26		Completed Q4 24/25
Plan and deliver a Gaelic literacy accreditation rationale for all GME pupils by the end of S3 by 2027	Q3 25/26	On Target	Starts Aug25 / Completes Jun27
Audit key transition points to understand challenges for young people choosing GME pathway	Q3 25/26		Starts Jan26 / Completes Jun27
Establish 3–18 stakeholder groups to review collaborative partnerships	Q3 25/26		Starts Aug 26 / Completes Jun27
Work in partnership with Celtic Media Festival to deliver the festival in the Highlands	Q3 25/26		Starts Jan27 / Completes Dec29
Review school designations, with consideration to supporting the immersion experience	Q3 25/26		Starts Aug27 / Completes Jun28
Take forward the outcomes of the Creative Industries (Arts) Economic Impact Study to the Gaelic Committee	Q3 25/26		Starts Apr29 / Completes Dec29

CORPORATE SERVICE AIMS

CSA01 Status	Q3 25/26
CSA - Logo and Brand	On Target
CSA - Signage	On Target

CSA02 Communicating with the Public	Q3 25/26
CSA - Promotion	On Target
CSA - Public Meetings	On Target
CSA - Reception and Phone	On Target
CSA - Written Communication	On Target


CSA03 Information	Q3 25/26
CSA - Corporate Publications	On Target
CSA - Exhibitions	On Target
CSA - Language	On Target
CSA - News Releases	On Target
CSA - Social Media	On Target
CSA - Website	On Target

CORPORATE SERVICE AIMS


CSA04 Staff	Q3 25/26
CSA - Awareness Training	On Target
CSA - Induction	On Target
CSA - Internal Audit	On Target
CSA - Language Training	On Target
CSA - Recruitment	On Target
CSA - Using Gaelic	On Target

CSA05 Gaelic Corpus	Q3 25/26
CSA - Gaelic Orthographic Conventions	On Target
CSA - Place-names	On Target


% of schools delivering Gaelic L2 and L3 [West]




% of schools delivering Gaelic L2 and L3 [Mid]




% of schools delivering Gaelic L2 and L3 [North]




% of schools delivering Gaelic L2 and L3 [South]




The number of teachers trained to deliver 1+2 Gaelic



% GM Nursery Pupils | | CP1.11



% Gaidhlig Secondary Pupils || CP1.11



% GM Primary Pupils || CP1.11

